

Tha cearcall cloiche
Choille an Teampaill
ann an Gleann Chill
Mhàrtainn mar aon de
dh'ìomadh carragh aosta
sa' cheàrnaidh seo.

A' RANNSACHADH CEARCALL CLOICHE CHOILLE AN TEAMPAILL

Fiosrachadh don Luchd-teagaisg





Cearcall Cloiche Choille an Teampaill

As aonais charraighean snaighte, 's e glè bheag de dh'fhianais a bhiodh againn air na daoine a bha beò ann an Alba mu 4,000 RC. Mairidh na carraighean a chum is a shnaigh is a shuidhich iad san talamh an diugh mar fhianais neo-iomlan air beatha a chaidh seachad is air cinnidhean aosta. Is tric a chìthear carraighean aonair, cuid dhiubh 1-3 meatair a dh'àirde, a' seasamh leo fhèin ann an achaidhean air feadh Alba. Gheibhear grunnan eile dhiubh ann an Alba, air amannan suidhichte ann am pàtran a tha an ìre mhath cearcallach. Air aon dhiubh seo tha an cearcall-cloiche ann an Coille an Teampaill an Gleann Chill Mhàrtainn.

Chaidh an cearcall-cloiche seo a thogail mu 5,000 bliadhna air ais, a' gabhail àite cearcaill fiodha a bha ann roimhe is dòcha. Chan eil sinn cinnteach fhathast carson a bha na cearcaill ann ach 's e is dòcha gun robh pàirt cudromach aca ann an deas-ghnàthan cràbhach cinnidhean aosta na h-Alba.

Fiosrachadh Feumail

- Àite: 1 mìle an iar-dheas air Cill Mhàrtainn, far an A816
- Parcadh: Ionad-parcaidh Coille a' Mh.Uasal Ghlasaraidh, 1 mìle deas air Cill Mhàrtainn air am B8025
- Faighinn ann: coiseachd 400m thar achaidhean.
- Taighean-beaga is fhaisge: Cill Mhàrtainn.
- Nòta: Tha na gnìomhan a' dìreadh air a' chearcall mu dheas ann an Coille an Teampaill.

Mar a chleachdar an goireas seo

Tha an goireas seo air a chur ri chèile gus cuir an comas luchd-teagaisg no phàrantan rannsachadh beag a dhèanamh air Cearcall Cloiche Choille an Teampaill. Bidh deasbad simplidh a' dìreadh aire nan sgoilearan air na tha iad a' faicinn agus gam misneachadh an fhianais seo a mhìneachadh. Bu chòir an leabhar-treòrachaidh seo a chleachdadh cuide ris an leabhar mhòr dhathte A' *Rannsachadh Charraighean Snaighte*, Alba Aosmhor 2009. Tha seo ri fhaotainn saor 's an asgaidh don luchd-teagaisg o Alba Aosmhor agus gabhaidh fhaighinn cuideachd air làrach-lìn Alba Aosmhor. Tha an leabhran seo a' cur Cearcall Cloiche Choille an Teampaill ann an co-theacs nan clachan Cruithneach eile 's a' moladh tuilleadh rud a nìthear roimh thighinn ann agus na dhèidh.

Fòn **0131 668 8793/8736** no tadhail air www.historic-scotland.gov.uk gus barrachd fhaighinn a-mach.

Gnìomhan a mholar

- Air an làraich, caith seal a' dèanamh clàraidh de na tha ri fhaicinn. Faodaidh na sgoilearan na creagan agus far an nochd na pàtranan orra a bhreacadh sìos. Faodaidh iad measadh a dhèanamh le teip-tomhais no pìosan sreanga gus a' mheud a chlàradh. Faodaidh iad na pàtranan a tharraing no dealbh a thogail le camara, le is dòcha gach pàiste a' gabhail uallach de phìosan àraid dhiubh. An gabh na pàtranan a chur ann m buidheann no ann an òrdugh? Bheil clachan eile no feartan-tìre eile ri fhaicinn?
- Dè dàimh nan clachan ri chèile? Tomhais an t-astar eadar na clachan, trast-thomhas a' chearcaill. Bheil e dha-rìribh cearcallach? Gabh ceum mun

chearcall-thomhas no mun iomall. An obraich na sgoilearan a-mach dè coltas a bhiodh air a' chearcall o shuas? Faodar na tomhaisean seo a chleachdadh gus dealbhan-sgèile no modailean a dhèanamh san sgoil.

- Coimhead mun cuairt airson fianais air mar a dh'fhaodadh an làrach a bhith air atharrachadh. Sir dìgean is dòcha a lìonadh a-steach, no clachan a thuit no a chaidh sgoltadh. Am biodh stuthan eile ann a tha air grodadh o chionn fhada (m.e. stoban fiodha no daingeachdan)?
- Carson a thaghadh an làrach-sa? Dh'fhaodadh sgoilearan coimhead mun cuairt orra fhèin ach am faic iad dè, ma tha dad, a dh'fhàgas an làrach seo sònraichte. Bheil sealladh math ann? Am faicear làraichean eachdraidheil eile às seo? Bheil an t-àite 'àraid'?
- Cò ris a tha e coltach an seo a-nis? Clàraich an àrainneachd tro obair-chamara, breacadh, fianais beòil chlàraichte. Dè chì thu nis nach fhaiceadh na daoine o chionn 5,000 bliadhna?
- Dè teoraidhean nan sgoilearan mu na clachan seasaidh agus mar is dòcha a rachadh an cur gu feum?
- San sgoil a-rithist, dh'fhaodadh na sgoilearan am modailean fhèin den chearcall a chruthachadh, stèidhichte air dealbhan a bhreac iad sìos air an làraich. Dh'fhaodadh iad seallaidhean no sgrìobhadh smaoinichail a chruthachadh, a' sealltainn mar a chleachdadh an cearcall.

Tuilleadh Leughaidh

Foghlam Alba Aosmhor, A' Rannsachadh Charraighean Snaighte, Alba Aosmhor 2009.

Rachel Butter, *Kilmartin: an introduction and guide to Scotland's richest prehistoric landscape*, Kilmartin House Trust 1999.



Robh fhios agad ...

Fhuair àrsaieran grunn chearcall cloiche agus charraighean-cuimhne ann an Gleann Chill Mhàrtainn - agus tha iad uile suidhichte ann an loidhne dhìreach ri fad a' Ghlinne.

Cùl-fhiosrachadh

Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan ron turas neo air an làraich.

- Tha daoine air a bhith a' tighinn an seo fad còrr is 5,000 bliadhna. Thuinich iad sa cheàrnaidh seo de dh'Alba ri linn cho math is a bha e gu tuathanacha s is iasgaich. Thog iad an taighean ann an seo - agus an carraighean-cuimhne cràbhach.
- Fhuair àrsaieran grunn charraighean fa leth an seo sna coilltean.
- 'S dòcha gur e structair fiodha a bha sa charragh is aosta. Fhuair àrsaieran tuill far an cuirte stoban fiodha nuair a bha iad a' cladhach ann sna 1970an. An dèidh sin chaidh cearcall-cloiche an àite nan stoban fiodha.
- Chaidh an dàrna cearcall a thogail mu 5,000 bliadhna air ais. Chaidh a chleachdadh fad ceudan de bhliadhnaichean, ged nach eil fhios againn ciamar. Chuir ginealaichean eile earrainnean diofraichte ris a' chearcall, nam measg cùirn air an taobh a-muigh d'heath, agus seòmar-adhlacaidh sa mheadhan far an rachadh cuirp a losgadh.
- Chan eil sinn cinnteach carson a bha na cearcaill ann. 'S dòcha gur e seòrsa de dh'ionad-amhairc nan speuran a bha annta, airson coimhead air gluasad na grèine, na gealaich is nan reultan thar an iarmailt air feadh na bliadhna. 'S dòcha gun do chleachd ginealaichean eile na cearcaill air diofar adhbhar, gus an deach iad à feum buileach.
- Bha an dà charragh seo dlùth ri sreath fhada de charraighean cràbhach a bha dol ri Gleann Chill Mhàrtainn. Cum sùil a-mach airson feadhainn eile 's tu a' fàgail na làraich.



Làrach far an robh cearcall-cloiche na b' aosta ann an Coille an Teampail



Cearcall ann an Coille an Teampaill.

Puingean-deasbaid

Spreagadh an Neach-Teagaisg

Cia mhead clach a tha sa chearcall an diugh?

An dùil an robh riamh barrachd chlachan an seo?

Tha co-dhiù aon chlach maisichte. Feuch an lorg thu i.

Chan eil sinn cinnteach an robh na daoine a thog an cearcall a' cur ath-fheum air seann chlach mhaisichte, air neo an do chuir iad maise ùr oirre mar rud sònraichte. Dè do bheachd?

Seall air a' phàirt cheithir-cheàrnach ann am meadhan a' chearcaill. Carson a bha seo ann?

Dè cho fada 's a tha e? Bheil cuideigin adhlaicte ann?

Fhuair àrsairean 'biocairean' crèadha, no poitean, a tha iad am beachd a chum luathre loisgte cuirp dhaoine. Chì thu mac-samhlaidhean dhiubh ann an Taigh-tasgaidh Chill Mhàrtainn.

Thoir sùil air an làrach-cearcaill eile sa cheàrnaidh seo. Dè tha ga fàgail diofraichte on chiad chearcall? No bheil iad coltach ri chèile?

'S e beachd nan àrsairean nach deach an cearcall seo a chrìochnachadh.

Freagairtean nan sgoilearan

Mu 13.

Tha - tha coltas gu bheil beàrnann ann do 7 clach eile anns a' chearcall.

Pàtran snaighte de chearcaill is lùban thar aon chloich (sa chloich aig fìor cheann a tuath den chearcall).

Smaointean nan sgoilearan fhèin.

Adhlacaidhean.

Caran gearr do sheòmar adhlacaidh.

Tha e nas lugha, chan eil clachan mòra ann. Cuideachd tha e garbh-chearcallach.